

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Èisteachd)

Grand  
Total


**X229/101**

TEISTEANAIS DIARDAOIN, 26 CEITEAN  
NÀISEANTA 1.00 PM – 1.30 PM  
2011

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 1  
Roinn A: Èisteachd  
(Ceistean)

**Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.**

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

Tha 25 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agad aig an toiseach airson na ceistean gu lèir a leughadh.

Tha mionaid agad aig toiseach gach pàirt den earrainn airson na ceistean a leughadh.

Èist gu cùramach ri earrann a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut. Tha an earrann na dà phàirt.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson Pàirt 1.

Cluinnidh tu Pàirt 1 dà thuras le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean a chluinneas tu: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Leugh na ceistean airson Pàirt 2.

Cluinnidh tu Pàirt 2 dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean a chluinneas tu: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



Roinn A: Èisteachd

Ùine: 30 mionaid

Comharraidhean

CEISTEAN

Pàirt 1

1. Dè an dà àite anns am biodh pàrantan Iain a' seinn?

---



---

2

2. Cò thug a' chiad leasan air an fheadan do Iain?

A mhàthair	
Athair	
Tidsear	

1

3. Ged a chòrd an leasan ris, dè a thuig e?

---

1

4. Dè an aois a bha Iain nuair a chluich e' phìob-mhòr an toiseach?

---

1

5. (a) Dè a tha Iain a' moladh do dh'òigridh?

---



---

2

- (b) Ainmich **dà** ionnsramaid a chaidh ainmeachadh, a bharrachd air a' phìob-mhòr.

---



---

2

6. Ainmich tachartasan thall thairis aig an do chluich e a' phìob.

---



---

2

7. Dè a' bhuannachd a tha Iain uaireannan a' faighinn bho bhith a' cluich aig cèilidhean agus a leithid?

---

1

8. Dè tha a' fàgail Iain sona aig deireadh na h-earrainne?

---

1

(13)

[Tionndaidh an duilleag

**CEISTEAN**

**Pàirt 2**

1. Dè an latha a tha uabhasach cudromach do phìobairean?

---

1

2. Càite am bi seo a' tachairt?

---

1

3. Carson, a rèir Iain, a tha e a' tachairt an sin?

Ainmich **dà** adhbhar.

---



---



---

2

4. Cia mheud duine a ghabh pàirt anns a' cho-fharpais seo an-uiridh?

---



---

2

5. Dè tha a' tachairt do àireamh nam farpaiseach?

---

1

6. Cia mheud dùthaich às am bi na farpaisich a' tighinn?

6	
16	
26	

1

7. Dè na diofar rudan a chì thu air an latha seo? Ainmich **dà** rud.

---



---

2

8. (a) Dè an gearan a tha aig cuid mun t-seòrsa latha seo?

---

1

(b) Dè tha Iain a' smaoinichadh mun chùis sin?

---

1

(12)

[25]

[CRÌOCH ROINN A-ÈISTEACHD]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

### MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 25
Section B(i)	Leughadh / 25
B(ii)	Sgrìobhadh / 25
<b>Grand Total</b>	<b>75</b>



# X229/102

---

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2011

DIARDAOIN, 26 CEITEAN  
1.00 PM – 1.30 PM

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 1  
Roinn A: Èisteachd  
(Earrann)

**This paper must not be seen by any candidate**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



## **Tha mionaid agaibh airson na ceistean a leughadh**

**(The passage below should be read in approximately 2 minutes)**

**Tha Iain MacLeòid a' bruidhinn mu chur-seachad a tha aige fhèin.**

### **Pàirt 1**

Bha ùidh a-riamh agam ann an ceòl. Tha mi a' creidsinn gur ann bho mo phàrantan a thàinig sin oir bhiodh iad a' seinn gu tric—anns an taigh agus fiù 's nuair a bhitheamaid a' dol air chuairt anns a' chàr. Chaidh mo thàladh an uair sin gu pìobaireachd. Bha mi seachd bliadhna a dh'aois nuair a fhuair mi mo chiad leasan air an fheadan bhom athair. Abair gun do chòrd sin rium, ged a thuig mi aig an aois òg sin gum biodh obair chruaidh na luib cuideachd. Co-dhiù, lean mi orm agus nuair a bha mi beagan na bu shine fhuair mi an cothrom leasanan pìobaireachd fhaighinn anns an sgoil. Mar a tha cuimhne agam, b' ann nuair a bha mi ann an clas a seachd, aig aois aon bhliadhna deug, a dh'fheuch mi a' phìob-mhòr an toiseach.

Tha iomadach bliadhna air a dhol seachad bhon uair sin. Ach, 's urrainn dhomh a ràdh le cinnt gun tug pìobaireachd iomadh cothrom dhòmhsa nam bheatha. Air an adhbhar sin, mholainn do neach òg sam bith ionnsramaidean-ciùil a chluich ma gheibh iad an cothrom. Co-dhiù is e pìob, no fìdeall, no bogsa, no fideag a tha ann, feuch e!

Tha mise air siubhal gu diofar dhùthchannan le mo phìob. Mar eisimpleir, tha mi air cluich aig fèis ciùil anns a' Ghearmailt agus aig gèam mòr ball-coise ann am Paris. Tha mi air cluich aig bainnsean, cèilidhean agus consairtean — uaireannan a' dèanamh sgillinn no dhà aig an aon àm. Cha chreid mise gu bheil ionnsramaidean ann cho cumhachdach ris a' phìob agus 's mi tha toilichte gu bheil mi comasach air a cluich!

\* \* \*

**(After a gap of 2 minutes, read Pàirt 1 again and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)**

## Tha Iain MacLeòid a' bruidhinn mu chur-seachad a tha aige fhèin.

### Pàirt 1

Bha ùidh a-riamh agam ann an ceòl. 'Tha mi a' creidsinn gur ann bho mo phàrantan a thàinig sin oir bhiodh iad a' seinn gu tric—anns an taigh agus fiù 's nuair a bhitheamaid a' dol air chuairt anns a' chàr. Chaidh mo thàladh an uair sin gu pìobaireachd. Bha mi seachd bliadhna a dh'aois nuair a fhuair mi mo chiad leasan air an fheadan bhom athair. Abair gun do chòrd sin rium, ged a thuig mi aig an aois òg sin gum biodh obair chruaidh na luib cuideachd. Co-dhiù, lean mi orm agus nuair a bha mi beagan na bu shine fhuair mi an cothrom leasanan pìobaireachd fhaighinn anns an sgoil. Mar a tha cuimhne agam, b' ann nuair a bha mi ann an clas a seachd, aig aois aon bhliadhna deug, a dh'fheuch mi a' phìob-mhòr an toiseach.

Tha iomadach bliadhna air a dhol seachad bhon uair sin. Ach, 's urrainn dhomh a ràdh le cinnt gun tug pìobaireachd iomadh cothrom dhòmhsa nam bheatha. Air an adhbhar sin, mholainn do neach òg sam bith ionnsramid-ciùil a chluich ma gheibh iad an cothrom. Co-dhiù is e pìob, no fidheall, no bogsa, no fideag a tha ann, feuch e!

Tha mise air siubhal gu diofar dhùthchannan le mo phìob. Mar eisimpleir, tha mi air cluich aig fèis ciùil anns a' Ghearmailt agus aig gèam mòr ball-coise ann am Paris. 'Tha mi air cluich aig bainnsean, cèilidhean agus consairtean—uaireannan a' dèanamh sgillinn no dhà aig an aon àm. Cha chreid mise gu bheil ionnsramaid ann cho cumhachdach ris a' phìob agus 's mi tha toilichte gu bheil mi comasach air a cluich!

### CEISTEAN

1. Dè an dà àite anns am biodh pàrantan Iain a' seinn?

*(30 seconds)*

2. Cò thug a' chiad leasan air an fheadan do Iain?

A mhàthair, no  
Athair, no  
Tidsear.

*(30 seconds)*

3. Ged a chòrd an leasan ris, dè a thuig e?

*(30 seconds)*

4. Dè an aois a bha Iain nuair a chluich e' phìob-mhòr an toiseach?

*(30 seconds)*

5. (a) Dè a tha Iain a' moladh do dh'òigridh?

*(30 seconds)*

- (b) Ainmich **dà** ionnsramaid a chaidh ainmeachadh, a bharrachd air a' phìob-mhòr.

*(30 seconds)*

6. Ainmich tachartasan thall thairis aig an do chluich e a' phiob.

*(30 seconds)*

7. Dè a' bhuannachd a tha Iain uaireannan a' faighinn bho bhith a' cluich aig cèilidhean agus a leithid?

*(30 seconds)*

8. Dè tha a' fàgail Iain sona aig deireadh na h-earrainne?

*(30 seconds)*

**Candidates have one minute at this point to read the questions for Pàirt 2.**

**(The passage below should be read in approximately 2 minutes.)**

**Tha Iain fhathast a' bruidhinn.**

### **Pàirt 2**

Ma bhios tu a' cluich ann an còmhlan-pìoba, tha aon latha mòr ann a tha cudromach dhan a h-uile duine — latha Co-fharpais an t-Saoghail. Chun a seo, tha e air a bhith stèidhichte ann am baile mòr Ghlaschu. Tha mi a' creidsinn gur ann air sgàth 's gu bheil e furasta faighinn thuige air rathad, trèana no air plèana. Cuideachd, tha taghadh gu leòr ann de thaighean-òsta agus de thaighean-aoigheachd far an urrainn do dhaoine fuireach.

Ghabh còrr is ochd mìle luchd-ciùil pàirt anns a' cho-fharpais an-uiridh agus tha an àireamh seo a' sìor dhol am meud gach bliadhna. Thàinig na còmhlain à sia dùthchannan deug bho air feadh an t-saoghail. Nach eil seo na dhearbhadh air cho dèidheil 's a tha daoine air pìobaireachd san latha an-diugh agus chan ann dìreach ann am Breatainn.

Co-dhiù a tha thu a' gabhail pàirt anns a' cho-fharpais no nach eil, tha gu leòr ann a nì thu no a chì thu. Tha dannsairean Gàidhealach ann agus co-fharpaisean eile mar rèisean agus tilgeil a' chabair. Tha stàilichean ann far an ceannaich thu rud sam bith bho bhiadh gu seudan agus fiù 's àirneis.

Tha daoine den bheachd gu bheil e a' fàs ro dhaor làithean mar seo a chur air dòigh, ach saoilidh mise gur math as fhiach iad a h-uile sgillinn!

\* \* \*

**(After a gap of 2 minutes, read Pàirt 2 again, and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)**

**[Tionndaidh an duilleag**

## Tha Iain fhathast a' bruidhinn.

### Pàirt 2

Ma bhios tu a' cluich ann an còmhlan-pioba, tha aon latha mòr ann a tha cudromach dhan a h-uile duine — latha Co-fharpais an t-Saoghail. Chun a seo, tha e air a bhith stèidhichte ann am baile mòr Ghlaschu. Tha mi a' creidsinn gur ann air sgàth 's gu bheil e furasta faighinn thuige air rathad, trèana no air plèana. Cuideachd, tha taghadh gu leòr ann de thaighean-òsta agus de thaighean-aogheachd far an urrainn do dhaoine fuireach.

Ghabh còrr is ochd mìle luchd-ciùil pàirt anns a' cho-fharpais an-uiridh agus tha an àireamh seo a' sìor dhol am meud gach bliadhna. Thàinig na còmhlain à sia dùthchannan deug bho air feadh an t-saoghail. Nach eil seo na dhearbhadh air cho dèidheil 's a tha daoine air pìobaireachd san latha an-diugh agus chan ann dìreach ann am Breatainn.

Co-dhiù a tha thu a' gabhail pàirt anns a' cho-fharpais no nach eil, tha gu leòr ann a nì thu no a chì thu. Tha dannsairean Gàidhealach ann agus co-fharpaisean eile mar rèisean agus tilgeil a' chabair. Tha stàilichean ann far an ceannaich thu rud sam bith bho bhiadh gu seudan agus fiù 's àirneis.

Tha daoine den bheachd gu bheil e a' fàs ro dhaor làithean mar seo a chur air dòigh, ach saoilidh mise gur math as fhiach iad a h-uile sgillinn!

### CEISTEAN

1. Dè an latha a tha uabhasach cudromach do phiobairean?

*(30 seconds)*

2. Càite am bi seo a' tachairt?

*(30 seconds)*

3. Carson, a rèir Iain, a tha e a' tachairt an sin? Ainmich **dà** adhbhar.

*(30 seconds)*

4. Cia mheud duine a ghabh pàirt anns a' cho-fharpais seo an-uiridh?

*(30 seconds)*

5. Dè tha a' tachairt do àireamh nam farpaiseach?

*(30 seconds)*

6. Cia mheud dùthaich às am bi na farpaisich a' tighinn?

Sia, no

Sia deug, no

Fichead 's a sia.

*(30 seconds)*

7. Dè na diofar rudan a chì thu air an latha seo? Ainmich **dà** rud.

*(30 seconds)*

8. (a) Dè an gearan a tha aig cuid mun t-seòrsa latha seo?

*(30 seconds)*

(b) Dè tha Iain a' smaoinichadh mun chùis sin?

*(30 seconds)*

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**



FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Leughadh)

--

**X229/103**

TEISTEANAIS DIARDAOIN, 26 CEITEAN  
NÀISEANTA 1.50 PM – 3.10 PM  
2011

**GÀIDHLIG**  
**MEADHAN ÌRE 1**  
Roinn B(i): Leughadh  
Roinn B(ii): Sgrìobhadh

**Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.**

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là	Mìos	Bliadhna	Àireamh an oileanaich	Àireamh an t-suidheachain

Tha 50 comharradh anns a' phàipear seo.

**Earrann B(i) Leughadh—Fiosrachadh**

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuair a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lìon thu na beàrnan uile.)

**Earrann B(ii) Sgrìobhadh**

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhut.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



## EARRANN

## FEASGAR ANNS A' PHÀIRC

## (Sgeulachd le Seonag NicLeòid)

Chlisg mi nuair a chuala mi am fuaim neònach air mo chùlaibh. Bha fhios 'am nach b' e rud nàdarrach a bh' ann oir cha robh duine mun cuairt orm, cha robh deò gaoithe ann agus cha b' e fuaim air an robh mi eòlach a bh' ann.

Bha mi nam shuidhe anns a' phàirc leam fhìn, deiseil airson madainn shocair nam laighe a' leughadh leabhair. Bha mi air gach rud ullachadh airson seo—ceapairean, deoch fhuar, plaide agus mo leabhar. Chuala mi am fuaim a-rithist. An turas seo mhair e beagan na b' fhaide agus bha mi cinnteach gur e cuideigin, no rudeigin a bh' ann, am falach agus a' coimhead air a h-uile rud a bha mi a' dèanamh. Nuair a bhithinn a' suidhe sàmhach ag èisteachd, bhiodh am fuaim a' stad anns a' bhad. O mo chreach, bha iad a' feuchainn ri bhith sàmhach gus nach mothaichinn dhaibh . . . ach cha robh iad glè shoirbheachail oir bha làn fhios agam gun robh iad ann!

Thòisich m' inntinn ag obair. Bha mo cheann làn de na coigrich agus na tachartasan neo-àbhaisteach mun robh mi air a bhith a' leughadh an oidhche roimhe. Cha b' fhada gus an cuirinn crìoch air an stòiridh agus bha mi air bhioran gus am faicinn dè thachradh aig an deireadh. Bu dheagh thoil leam na leabhraichean a bhiodh Sìm Rothach a' sgrìobhadh oir bha an-còmhnaidh car annta aig an deireadh.

Nuair a chuala mi am fuaim aon uair eile, ghabh mi dearg eagal mo bheatha agus chuir mi romham fònadh dhachaigh airson innse dha mo phàrantan dè bha ceàrr, gun fhios am faicedh iad tuilleadh mi!

Nuair a shìn mi mo làmh a-steach dham bhaga airson am fòn-laimhe agam a lorg, stad mi gu h-obann mar gum bithinn reòthta, an uair sin thòisich mi a' sgreuchail gun sgur . . . bha rudeigin a' gabhail grèim air mo làimh.

Ged a shaoil mi roimhe nach robh duine eile anns a' phàirc, thòisich iad a-nis a' tighinn às a h-uile ceàrnaidh. Cha b' fhada gus an robh sluagh mu thimcheall orm airson mo chuideachadh.

Nuair a lorg gaisgeach air choreigin a-mach dè bha air a bhith a' cur eagal orm, bha mi air mo nàrachadh. Ruith feòrag bheag gu cabhagach a-mach às mo bhaga agus theich i dha na craobhan agus grèim teann aice air aon de na ceapairean agam. Bha i air a bhith a' sporghail mun cuairt nam bhaga a' lorg bìdh . . . agus a' dèanamh tòrr fuaim aig an aon àm!

**CEISTEAN**

1. Dè chuir eagal air Seonag aig toiseach na h-earrainn?

---



---

2

2. Carson a shaoil i gu robh seo neo-abhaisteach? Ainmich dà rud.

---



---

2

3. Dè bha Seonag air cur roimhpe air an latha seo?

---



---

2

4. Dè bha i a' smaoinichadh a bha a' tachairt faisg oirre?

---



---

2

5. Carson a bha macmeanmain Sheonaig cho beothail aig an àm seo?

---



---

2

6. (a) Dè shaoil i mu leabhraichean Shim Rothaich?

---

1

(b) Carson a bha i den bheachd seo?

---

1

**[Tionndaidh an duilleag**

7. Dè tha thu a' tuigsinn le na facail “dearg eagal mo bheatha”?

\_\_\_\_\_

1

8. (a) Dè roghnaich Seonag a dhèanamh?

\_\_\_\_\_

1

(b) Carson a bha i dol a dhèanamh sin?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

3

9. Dè an dà rud a rinn Seonag an dèidh dhi a làmh a chur na бага?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

10. Dè an dealbh a tha na facail “mar gum bithinn reòthta” a' toirt dhuinn?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

1

11. (a) Dè thug air daoine eile tighinn far an robh Seonag?

\_\_\_\_\_

1

(b) Dè am facal às an earrainn a tha ag innse dhuinn gun tàinig mòran dhaoine?

\_\_\_\_\_

1

12. Ciamar a bha Seonag a' faireachdainn aig deireadh na h-earrainn?

---

1

13. Dè dha-rìribh a bha air eagal a chur oirre?

---

---

2

(25)

[CRÌOCH ROINN B(i)—LEUGHADH]

[Tionndaidh an duilleag

**Roinn B(ii): Sgrìobhadh**

**Ùine: 40 mionaid (moladh)**

**Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.**

- |   |      |
|---|------|
| 1. <i>Ceòl</i> . Sgrìobh mun chuspair seo ann an dòigh sam bith a thogras tu. | (25) |
| 2. An Uamh.   | (25) |
| 3. Chan eil càil nas fheàrr na caraidean.                                     | (25) |
| 4. Bu chòir don h-uile sgoilear ann an Alba Gàidhlig ionnsachadh.             | (25) |
| 5. An t-eagal as motha a ghabh mi a-riamh!                                    | (25) |
| 6. Toileachas.  | (25) |
| 7. Nam biodh millean nota agam.   | (25) |
| 8. Deuchainnean sgoile — a bheil feum orra?                                   | (25) |

[CRÌOCH ROINN B(ii)—SGRÌOBHADH]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**